

Stiùireadh do luchd-dùbhlain ann an cùisean taic laghail catharra

Faodaidh neach a tha an sàs ann an cùis cùirte chatharra tagradh a chur a-steach airson taic laghail. Ma tha thusa an sàs anns a' chùis cuideachd, dh' fhaodadh buaidh a bhith aig an seo ort. Ma tha an neach-dùbhlain agad air tagradh a chur a-steach airson taic laghail, faodaidh tu innse dhuinn mu nithean sam bith a tha a' dèanamh dragh dhut no fiosrachadh iomchaidh a thoirt dhuinn. Tha seo aithnichte mar "a' cur agartais".

Cuir fios thugainn

A bheil thu ag iarraidh:

- an neach-lagha taic laghail as fhaisge ort a lorg
- tuilleadh fhaighinn a-mach mu thaic laghail
- ar bileagan òrdachadh

Mar sin cuir fios gun **Loidhne Fiosrachaidh Taic Laghail** againn air **0845 122 8686** (fosgailte 7 latha san t-seachdain bho 7m. gu 11f.), no tadhail air an làraich-lìn againn aig **www.slab.org.uk**. Tha fiosrachadh mionaideach mu ar ìrean seirbheis air an làraich-lìn againn cuideachd.

Chan eil sinn a' solarachadh comhairle a thaobh lagh – tha sinn a' stiùireadh an t-siostam taic laghail.

Tha ar seòladh aig 44 Gàrraidhean Drumsheugh, Dùn Èideann, EH3 7SW.

Is e an àireamh-fòn choitcheann againn **0131 226 7061**. Tha fios tro Teacs Dìreach BT di-beathte.

Is e ar seòladh puist-dealain **general@slab.org.uk**

Co-cheangalan feumail eile

Comann Lagha na h-Alba, 26 Gàrraidhean Drumsheugh, Dùn Èideann EH3 7YR

Fòn: 0845 113 0018

Làrach-lìn: **www.lawscot.org.uk**

Gus Biùro Comhairleachaidh a' Phobail ionadail agad a lorg, coimhead suas na Duilleagan Buidhe no theirig gu làrach-lìn Comhairleachaidh Poball na h-Alba aig **www.cas.org.uk**

Ar bileagan

- Lùl a thaobh taic laghail catharra
- Taic laghail catharra – fiosrachadh do thagraichean
- Taic laghail catharra – an sùim a dh'fhaodadh tu a phàigheadh
- Stiùireadh do luchd-dùbhlain ann an cùisean taic laghail catharra
- Taic laghail do chloinn
- A bheil mi freagarrach airson comhairle agus cuideachadh – ann an cùisean eucorach no cùisean chloinne?
- Cuideachadh laghail eucorach ma tha thu ann an grèim
- Cuideachadh laghail eucorach mura h-eil thu ann an grèim
- Gearanan agus beachdan air Bòrd Taic Laghail na h-Alba
- Cothrom air fiosrachadh

Susbaint

1. Carson a bu chòir dhomh an stiùireadh seo a leughadh?
2. Ma gheibh an tagraiche taic laghail, dè a' bhuaidh a bhios aige ormsa?
3. Tha mi den bheachd gu bheil neach-eigin air tagradh a chur a-steach airson taic laghail ann an cùis a tha a' bualadh ormsa, ach chan eil mi air foirm fhaighinn bhuaibh ma dheidhinn. Dè a bu chòir dhomh a dhèanamh?
4. Ciamar a tha sibh a' co-dhùnadh gu bheil neach freagarrach airson taic laghail?
5. Tha mi den bheachd nach bu chòir don tagraiche taic laghail fhaighinn. Dè a bu chòir dhomh a dhèanamh?
6. An innis sibh dhan tagraiche mun agartas agam?
7. Am freagair sibh an agartas agam?
8. Ma bhuilicheas sibh taic laghail, an innis sibh dhomh dè an t-adhbhar nach do shoirbhich leis an agartas agam?
9. Dè na h-adhbharan as cumanta a th' agaibh a thaobh taic laghail a bhuileachadh a dh'aindeoin agartais?
10. Dè ma tha mi den bheachd gu bheil an tagraiche air ur mealladh mu an suidheachadh ionmhais, ach tha sibh air taic laghail a bhuileachadh mar-thà? No dè ma tha fios agam gu bheil an suidheachadh ionmhais aca air atharrachadh, ach tha iad a' faighinn taic laghail a dh'aindeoin sin?
11. Dè mura h-eil mi deònach a dhol dhan chùirt?
12. Cuin a dh'fheumas mi cosgaisean a phàigheadh?
13. A bheil roghainn agam a thaobh bruidhinn ribh mu na h-iomagainean agam?
14. Am b' urrainn dhomh fhìn taic laghail fhaighinn airson na cùise cùirte seo?
15. Cò as urrainn tuilleadh comhairle a thoirt dhomh?
16. Ciamar a chleachdas sibh am fiosrachadh a bheir mi dhuibh?

Faodaidh duine a tha an sàs ann an cùis cùirte catharra – mar eisimpleir, cùis sgaraidh pòsaidh no a’ feuchainn ri airgead dìolaidh fhaighinn às dèidh tubaist – cur a-steach airson taic laghail (a chionn `s nach eil a’ bhileag seo a’ dèiligeadh ach le taic laghail catharra, nuair a bhios sinn a’ toirt iomradh air “taic laghail” is e “taic laghail catharra” a tha sinn a’ ciallachadh). Is e taic ionmhasail à maoineachadh poblach a th’ ann an taic laghail. Tha e a’ cuideachadh dhaoine a tha freagarrach gus comhairle laghail agus taic bho neach-lagha fhaighinn, airson a’ chùis aca a chur air adhart sa chùirt.

Ma tha thu an sàs sa chùis cuideachd, dh’fhaodadh buaidh a bhith aig an seo ort. Ma tha an neach-dùbhlain agad air tagradh a chur a-steach airson taic laghail, faodaidh tu innse dhuinn mu dhraghan sam bith a tha agad no fiosrachadh iomchaidh a thoirt dhuinn. Tha seo aithnichte mar “a’ cur agartais”. Faodaidh tu seo a dhèanamh às dèidh taic laghail a bhuileachadh. Tha an stiùireadh seo a’ mìneachadh ciamar.

Chan urrainn dhuinn co-dhùnadh cò bu chòir cùis a bhuannachadh – is e obair nan cùirtean a tha sin. Ach, bu chòir dhut innse dhuinn ma tha thu a’ creidsinn gu bheil gin de na leanas a’ bualadh air a’ chùis:

- chan eil an tagraiche ion-roghnach a thaobh ionmhais air taic laghail
- chan eil bunait laghail sam bith ann airson na cùise
- tha e mì-reusanta maoineachadh poblach a chleachdadh sa chùis seo

Cleachdaidh sinn am fiosrachadh a bheir thu dhuinn gus ar cuideachadh a thaobh co-dhùnadh air am bu chòir dhuinn taic laghail an tagraiche a bhuileachadh, a dhiùltadh no a thoirt air falbh. Fiù `s ged a dhiùltadh sinn no ged a bheireadh sinn air falbh taic laghail, dh’fhaodadh gum bi an tagraiche fhathast ag iarraidh a’ chùis a thoirt dhan chùirt gu prìobhaideach.

1. Carson a bu chòir dhomh an stiùireadh seo a leughadh?

Bu chòir dhut an stiùireadh seo a leughadh:

- ma tha sinn air foirm a chur thugad ag ràdh gu bheil an neach-dùbhlain agad air cur a-steach airson taic laghail
- ma tha thu a’ creidsinn gu bheil an neach-dùbhlain agad air taic laghail fhaighinn, no gu bheil e a’ cur a-steach airson taic laghail

Ma tha sinn air a’ bhileag seo a chur thugad, dh’fhaodadh gum bi thu airson comhairle fhaighinn bho neach-lagha no bho ionad comhairleachaidh. Tha earrannan 14 agus 15 a’ mìneachadh mar a chuireas tu fios thuca. Ach, chan eil feum agad air neach-lagha airson agartas a chur – faodaidh tu fhèin a dhèanamh.

2. Ma gheibh an tagraiche taic laghail dè a' bhuidh a bhios aige orm?

Faodaidh sinn taic laghail a bhuileachadh gus cùis-lagha a thogail nad aghaidh no gus cùis-lagha a thog thu a dhìon. Ma bhuannaicheas an neach a fhuair taic laghail a' chùis, dh'fhaodadh gum feum thu cosgaisean na cùise aca a phàigheadh cho math ris na cosgaisean agad fhèin. Dh'fhaodadh gum feuch sinn ri cosgaisean na cùise acasan fhaighinn air ais bhuat. Cuideachd, dh'fheumadh tu dèiligeadh le buaidh na cùise a chall.

Dh'fhaodadh gum bi thu airson bruidhinn mu na gnothaichean sin ri do neach-lagha no ri comhairliche eile.

3. Tha mi den bheachd gu bheil neach-eigin air tagradh a chur a-steach airson taic laghail ann an cùis a tha a' bualadh orm, ach chan eil mi air foirm fhaighinn bhuaibh ma dheidhinn. Dè a bu chòir dhomh a dhèanamh?

Bu chòir dhut fios a chur thugainn. Gu h-àbhaisteach, mas tusa an neach-dùbhlain sa chùis tha sinn ag innse dhut mun tagradh. Uaireannan, cha bhì sinn a' dèanamh sin – mar eisimpleir, mura h-eil an seòladh agad againn, no ma tha an neach-lagha no an tagraiche air adhbharan a thoirt dhuinn nach biodh e iomchaidh innse dhut, coltach ri cùisean co-cheangailte ri fòirneart san dachaigh. Dh'fhaodadh nach urrainn dhuinn mòran innse dhut nuair a bhruidhneas tu rinn ge-tà – faic earrann 8.

Ma tha neach air tagradh taic laghail a chur a-steach agus air innse dhuinn gur tusa an neach-dùbhlain aca, is àbhaist dhuinn a chur gun neach-lagha agad (ma tha neach-lagha agad):

- litir ag innse dhut gu bheil an neach-dùbhlain agad air tagradh a chur a-steach agus gu bheil a' chòir agad agartas a chur.
- leth-bhreac de aithris an tagraiche anns a bheil iad ag innse dhuinn dè seòrsa cùis a th' ann

4. Ciamar a tha sibh a' co-dhùnadh gu bheil neach freagarrach airson taic laghail?

Feumaidh sinn dèanamh cinnteach, am measg gnothaichean eile:

- gu bheil an tagraiche a' tighinn an taobh a-staigh de na crìochan ionmhasail airson taic laghail
- gu bheil bunait laghail aca a thaobh na cùise a thoirt dhan chùirt
- gu beil e reusanta airgead poblach a chosg air a' chùis
- nach eil buidheann eile deònach taic ionmhasail a thoirt dhaibh – mar aonadh ciùird, companaidh àrachais no buidheann proifeiseanta

5. Tha mi den bheachd nach bu chòir don tagraiche taic laghail fhaighinn. Dè a bu chòir dhomh a dhèanamh?

Bu chòir dhut sgrìobhadh thugainn, a' toirt dhuinn làn adhbharan a thaobh do bheachd nach eil iad freagarrach, an taobh a-staigh de 14 latha bho dh'innis sinn dhut mun tagradh (no 28 latha ma tha thu a' fuireach an taobh a-muigh den Rìoghachd Aonaichte).

Fiù `s ged a bhuilicheadh sinn taic laghail, faodaidh tu innse dhuinn às dèidh sin ma tha thu den bheachd gu bheil taic laghail a' leantainn air nuair nach bu chòir dha. Ach bidh feum againn air fiosrachadh ùr – chan eil adhbhar ann innse dhuinn mu ghnòthaich a tha sinn air a sgrùdadh cheana.

Mura cuir thu agartas, co-dhùinidh sinn taic laghail a bhuileachadh, stèidhte air:

- an fhiosrachadh a gheibh sinn bhon tagraiche agus bhon neach-lagha
- far a bheil e iomchaidh, fiosrachadh bho dhaoine mar fhastaichean no Roinn na h-Obrach agus nam Peinnein

Ma tha sinn air innse dhut mu thagraidh taic laghail bho neach sam bith, bidh sinn air leth-bhreas a chur thugad den aithris aca mun chùis. Bu chòir seo do chuideachadh a thaobh co-dhùnaidh air a bheil adhbharan matha agad gus agartas a chur. Dh'fhaodadh na h-adhbharan sin bualadh air suidheachadh ionmhasail an neach-tagraidh no air airidheachd na cùise.

5.1 Ciamar a chuireas mi agartas stèidhte air suidheachadh ionmhasail an neach-tagraidh?

Thoir dhuinn làn fhiosrachadh air nì sam bith a tha a' toirt adhbhar dhut a bhith a' smaoinichadh nach eil an tagraiche ion-roghnach a thaobh ionmhais – mar eisimpleir, ma tha amharas agad gu bheil:

- seilbh aca nach eil iad air ainmeachadh – thoir dhuinn an seòladh puist slàn no innis dhuinn far a bheil an togalach no an talamh
- obair aca nach do dh'ainmich iad – innis dhuinn ainm agus seòladh an fhastaiche, an gnè obrach, ma tha fiosrachadh agad air ceangal a thaobh teaghlach agus charaidean, agus ma tha tuarastal ga phàigheadh dìreach dhan làimh
- tasgadh airgid susbainteach aca – innis dhuinn meud an t-sùim, cò am buidheann ionmhais a tha a' gleidheadh an airgid agus an seòrsa airgead-seilbhe a th' ann
- iad a' fuireach còmhla mar chàraid – thoir dhuinn fiosrachadh iomchaidh sam bith mu dheidhinn an neach còmhla ris a bheil iad a' fuireach gus sealltainn dhuinn gu bheil iad a' còmhnaidh còmhla mar chàraid

Fiù `s ged nach urrainn dhut am fiosrachadh sin air fad a thoirt dhuinn, beachdaichidh sinn air an fhiosrachadh a bheir thu dhuinn.

Thoir dhuinn nas fheudar dhut de dh' fhiosrachadh, agus an uair sin is urrainn dhuinn sgrùdadh mionaideach a dhèanamh air an agartas agad agus air fiosrachadh ùr sam bith.

Bidh sinn a' leigeil seachad cuid de ghnothaichean, mar eisimpleir:

- seilbh no calpa an tagraiche ma tha iad a' faighinn taic ionmhais no teachd-a-steach stèidhte air cuibhreann neach sireadh-obrach
- stòras ionmhais companaich tagraiche mura h-eil iad pòsta aig a chèile agus
 - gu bheil dìreach càirdeas eatarra a tha a' ciallachadh gu bheil iad a' fuireach còmhla bho àm gu àm
 - gu bheil iad a' fuireach còmhla, ach tha aon dhiubh a' pàigheadh an neach eile airson an àite-fuirich

Ma tha thu den bheachd gu bheil an tagraiche air ar mealladh a thaobh an suidheachaidh, feumaidh tu innse dhuinn dìreach ciamar. Bidh sinn a' dèanamh sgrùdadh air casaidean a tha stèidhte air teisteanas a bheir thu fhèin agus an tagraiche dhuinn.

5.2 Ciamar a chuireas mi agartas stèidhe air airdheachd na cùise?

Chan urrainn dhuinn co-dhùnadh cò is dòcha a' chùis a bhuannachadh no cò a bu chòir a buannachadh – is e obair nan cùirtean a tha sin. Ach ma tha thu den bheachd gum biodh e mì-reusanta airgead poblach a chosg air a' chùis, no nach eil bunait laghail ann air a shon, bu chòir dhut innse dhuinn – mar eisimpleir, ma tha tairgse reusanta dèanta mar-thà gus a' chùis a rèiteachadh, ma tha na dithis chompàirtichean sa chùis air tighinn gu rèite, no mura h-eil oidhirp sam bith air a dhèanamh gus a' chùis a rèiteachadh taobh a-muigh na cùirte.

6. An innis sibh dhan tagraiche mun agartas agam?

Ma ghabhas e dèanamh agus airson a bhith cothromach leis an tagraiche, feumaidh sinn bruidhinn riutha mun agartas agad. Ma tha adhbhar sònraichte agad gun sin a dhèanamh, feuch gun innis thu dhuinn – ach tha seo a' ciallachadh gur dòcha nach bi comas againn làn sgrùdadh a dhèanamh air an agartas agad. Nuair a chuireas tu agartas, feuch gun innis thu dhuinn ma tha thu riarachichte sinn an sealltainn dhan tagraiche.

Dh'fhaodadh gum bi sinn airson barrachd sgrùdaidh a dhèanamh agus tuilleadh fiosrachaidh iarraidh ort.

7. Am freagair sibh an agartas agam?

Innsidh sinn dhut gun d' fhuair sinn an agartas agad. Dh'fhaodadh gum bruidhinn sinn riut a-rithist mura h-eil thu air innse dhuinn gum faod sinn am

fiosrachadh a thoirt dhan tagraiche, no ma bhios feum againn air tuilleadh fiosrachaidh bhuat.

Is àbhaist dhuinn innse dhut an taobh a-staigh 35 latha den tagradh taic laghail fhaighinn, ma tha sinn air tabhartas a thoirt dhan tagraiche. Chan eil seo a' cunntadh amannan sam bith far an do dh'iarr sinn tuilleadh fiosrachaidh air an tagraiche no air an neach-lagha, agus tha sinn a' feitheamh ri freagairt bhuapa.

8. Ma bhuilicheas sibh taic laghail, an innis sibh dhomh dè an t-adhbhar nach do shoirbhich leis an agartas agam?

Chan innis. Feumaidh sinn innse dhut ma tha sinn air taic laghail a bhuileachadh, no a dhiùltadh no a chriochnachadh, ach is urrainn dhuinn barrachd na seo innse dhut dìreach mura h-eil e a' dol a bhriseadh dìomhaireachd an tagraiche.

Tha sinn a' co-dhùnadh taic laghail a bhuileachadh stèidhte air an fhiosrachadh a bheir an tagraiche dhuinn, a thuilleadh air agartas a gheibh sinn. Nuair a chuireas daoine a-steach airson taic laghail, feumaidh sinn am fiosrachadh a bheir iad dhuinn a chumail dìomhair. A rèir na lagha, chan fhaod sinn bruidhinn mu thagradh ach leis an tagraiche no an neach-lagha aca, nas lugha na gu bheil an tagraiche air cead a thoirt dhuinn sin a dhèanamh. Tha seo a' ciallachadh nach fhaod sinn nì sam bith innse dhut a tha an tagraiche no an neach-lagha aca air innse dhuinn, agus a lean air adhart gu taic laghail a bhuileachadh a dh'aindeoin an agartais agad. Chan eil Achd Saorsa an Fhiosrachaidh a' toirt còir dhut fiosrachadh mu chùisean fa leth fhaighinn bhuainn.

9. Dè na h-adhbharan as cumanta a th' agaibh a thaobh taic laghail a bhuileachadh, a dh'aindeoin agartais?

9.1 Adhbharan a thaobh buileachadh taic laghail a dh'aindeoin agartais mu shuidheachadh ionmhasail an tagraiche.

- Bha am fiosrachadh mu dheidhinn seilbh nach urrainn dhuinn a chunntadh nar measadh ionmhasail – mar eisimpleir, taigh a tha na phrìomh dhachaigh aig an tagraiche, càr an teaghlaich, uidheam obrach, no rudeigin mun robh a' chonnspaid.
- Airgead a choisinn an tagraiche, no calpa no seilbh nach robh uimhir gu leòr gus an toirt thairis air na crìochan ionmhasail airson taic laghail.
- Cheadaich sinn ionmhas anns an deuchainn ionmhasail a thaobh luchd-eisimeil an tagraiche.
- Fiosrachadh mu theachd-a-steach co-cheangailte ri àm ro no às dèidh na h-ama a bhathar a' cleachdadh airson measadh airidheachd (is e sin, na 12 mìosan às dèidh an tagraidh).

- Tha am fiosrachadh mu phàirt air choireigin de dhòigh-beatha an tagraiche air an ruig iad fhathast, ged a tha iad freagarrach airson taic laghail – mar eisimpleir, a’ dol air saor-làithean.

9.2 Adhbharan a thaobh buileachadh taic laghail a dh’aindeoin agartais mu airidheachd na cùise.

- Cha do chuir am fiosrachadh ris na dh’innis an tagraiche no an neach-lagha aca dhuinn mar-thà.
- Tha am fiosrachadh mu dheidhinn ceist firinne a dh’fheumas a’ chùirt a bhreithneachadh – tha e suas ris a’ chùirt agus chan e sinne, co-dhùnadh a dhèanamh air cò a tha ag innse na firinne.

10. Dè ma tha mi den bheachd gu bheil an tagraiche air ur mealladh mu an suidheachadh ionmhais, ach tha sibh air taic laghail a bhuileachadh mar-thà? No dè ma tha fios agam gu bheil an suidheachadh ionmhais aca air atharrachadh, ach tha iad a’ faighinn taic laghail a dh’aindeoin sin?

Is urrainn dhuinn taic laghail neach sam bith a stad aig àm sam bith ma gheibh sinn a-mach gun do mheall iad sinn. Is dòcha gum feum iad an uair sin airgead a phàigh sinn dhaibh airson na cùise a phàigheadh air ais. Uaireannan, dh’fhaodadh gun tèid casaid eucorach a thogail nan aghaidh.

Dh’fhaodadh teachd-a-steach an tagraiche atharrachadh rè na 12 mìosan a tha a’ cunntadh a thaobh a bhith a’ measadh an suidheachaidh ionmhasail. Ma thachras sin, dh’fhaodadh gum feum iad tuilleadh (no nas lugha) a chur ris an taic laghail. Ma dh’atharraicheas an t-airgead calpa aca aig àm sam bith rè na cùise (fiù `s à s dèidh ùine 12 mìosan), dh’fhaodadh gun atharraich sinn na dh’fheumas iad a phàigheadh dhuinn.

Bu chòir dhut fiosrachadh mionaideach a chur thugainn ma tha thu den bheachd:

- gu bheil neach air ar mealladh no nach eil iad air innse dhuinn mu atharrachadh nan suidheachadh ionmhasail
- nach eil bunait laghail ann tuilleadh airson na cùise
- gu bheil e air fàs mì-reusanta do thaic laghail a bhith a’ leantainn air

Faic Earrann 5.1 airson an t-seòrsa fiosrachaidh a bheir thu dhuinn nuair a tha thu a’ cur agartais.

Cuimhnich, fiù `s ged a tha sinn air taic laghail a bhuileachadh, faodaidh tu innse dhuinn às dèidh làimh ma tha thu den bheachd gu bheil taic laghail ga chumail a’ dol nuair nach bu chòir dha.

11. Dè mura h-eil mi deònach a dhol dhan chùirt?

Feumaidh tu comhairle laghail fhaighinn bhon neach-lagha agad, no gabh comhairle bho Biùro Comhairleachaidh a' Phobaill – faic earrann 15.

12. Cuin a dh'fheumas mi cosgaisean a phàigheadh?

12.1 Ma chailleas mi a' chùis, dè dh'fheumas mi pàigheadh?

Ma bhuannaicheas an neach le taic laghail a' chùis, is dòcha gum feum thu an cosgaisean a phàigheadh cho math ri do chosgaisean fhèin. No dh'fhaodadh gun aontaich thu ris na cosgaisean a phàigheadh mar phàirt de rèiteachadh barganaichte air a' chùis. Dh'fhaodadh gum bi sinn a' sireadh cosgaisean na cùise aca fhaighinn air ais bhut. Dh'fheumadh tu cuideachd dèiligeadh le buaidhean ag èirigh bho chall na cùise.

12.2 Ma bhuannaicheas mi a' chùis, cò a phàigheas mo chosgaisean?

Ma bhuannaicheas tu a' chùis, is dòcha gun iarr a' chùirt air an tagraiche do chosgaisean a phàigheadh. Ach ge-tà, faodaidh an tagraiche iarraidh air a' chùirt an sùim a dh'fheumas iad a phàigheadh a lughdachadh. Coimheadaidh a' chùirt ri an comas pàighidh agus mar a ghiùlain iad a' chùis. Is dòcha gun lughdaich no nach lughdaich a' chùirt na cosgaisean. Ann an suidheachadh mar sin, tha e suas riut fhèin cosgaisean sam bith fhaighinn air ais bhon tagraiche.

Ann an cuid de shuidheachaidhean ge-tà, an àite na cosgaisean fhaighinn air ais bhon tagraiche, faodaidh tu iarraidh air a' chùirt òrdachadh dhuinne do chosgaisean a phàigheadh. Feumaidh fios a bhith aig a' chùirt:

- gun do thog an tagraiche cùis-lagha cùirte nad aghaidh
- gun do bhuannaich thu
- gum fulangadh tu fìor chruaidh-chàs mura pàigheadh sinn na cosgaisean agad agus
- cha bhiodh e cothromach mura pàigheadh sinn a-mach

Ma tha ath-thagrachd den chùis a' dol air adhart, chan fheum fios a bhith aig a' chùirt ach:

- gun do bhuannaich thu
- gum biodh e mì-chothromach mura pàigheadh sinn a-mach

13. A bheil roghainn agam a thaobh bruidhinn ribh mu na h-ìomagain agam?

Tha. Ma dh'fhònas tu agus ma mhìnicheas tu gu bheil thu airson agartas a chur an aghaidh tagraidh, cuiridh sinn troimhe thu gu neach a bhruidhneas riut ma dheidhinn.

Ma tha thu airson a thighinn a-steach dhan oifis a bhruidhinn mun ghnothaich aghaidh ri aghaidh, feuch gum fòn thu an toiseach a chur àm air dòigh. An

uair sin bidh an neach freagarrach an làthair. Chan urrainn dhuinn ach bruidhinn riut mun agartas agad, chan ann mu nithean mionaideach na cùise.

Ma dh'fhònas tu no ma thig thu a-steach dhan oifis, feuch gun can thu gu bheil thu airson bruidhinn ri Roinn nan Tagraidhean Catharra agus:

- ma tha an t-agartas agad mu dheidhinn suidheachadh ionmhasail an tagraiche (faic earrann 5.1), iarr bruidhinn ri neach ann an aonad a' mheasaidh ionmhasail
- ma tha an t-agartas agad mu airidheachd na cùise (faic earrann 5.2), iarr bruidhinn ris an luchd-obrach laghail againn

14. Am b' urrainn dhomh fhìn taic laghail fhaighinn airson na cùise cùirte seo?

Dh'fhaodadh gu bheil thu freagarrach airson taic laghail. Dh'fheumadh tu na deuchainnean a tha air an libhrigeadh ann an earrann 4 den bhileig seo a choinneachadh. Dh'fhaodadh gum bi thu freagarrach cuideachd airson comhairle tòiseachaidh bho neach-lagha (aithnichte mar “comhairle agus cuideachadh”). Airson neach-lagha a lorg a tha clàraichte gus cuideachadh laghail catharra a thoirt seachad, no airson a' bhileag againn *lùl a thaobh taic laghail catharra* fhaighinn:

- cuiribh fòn gun Loidhne Fiosrachaidh Taic Laghail againn air 0845 122 8686 (fosgailte 7 latha san t-seachdain bho 7m. gu 11f.), no
- tadhailibh air an làrach-lìn againn aig www.slab.org.uk

15. Cò as urrainn tuilleadh comhairle a thoirt dhomh?

Gheibh thu fiosrachadh mu luchd-lagha ionadail bho Chomann Lagha na h-Alba agus bho Bhiùro Comhairleachaidh a' Phobaill ionadail agad. Bu chòir gum b' urrainn do Bhiùro Comhairleachaidh a' Phobaill innse dhut a bheil thu freagarrach airson taic laghail (faic am broinn duilleag aghaidh na bileig seo airson fiosrachadh). Dh'fhaodadh cuideachd gum faigh thu cuideachadh tron aonadh-ciùird agad no tron bhuidhinn àrachais agad.

16. Ciamar a chleachdas sibh am fiosrachadh a bheir mi dhuibh?

Le bhith a' conaltradh rinn mu thagradh taic laghail, tha thu a' toirt cead dhuinn am fiosrachadh a dheasbad leis a' Bhòrd, agus far a bheil e riatanach, le daoine eile.

Faodaidh luchd-lagha, a tha a' riochdachadh Comann Lagha na h-Alba, fiosrachadh a tha anns an tagradh agad fhaicinn mar phàirt de na

sgrùdaidhean dearbhachd mathais tuaireamach a bhios an Comann a' dèanamh.

A rèir na lagha, feumaidh sinn a bhith glè fhaiceallach mar a chleachdas sinn fiosrachadh a bheir daoine dhuinn. Gu h-àbhaisteach, cha toir sinn seachad fiosrachadh a thaobh tagradh taic laghail ach nuair a gheibh sinn cead bhon neach a thug dhuinn e, no ma chanas an lagh gum feum sinn. Ach, ma dh'iarraas tu air neach mar do BhPA bruidhinn rinn mu dheidhinn na cùise agad, tha sinn a' gabhail ris le bhith a' dèanamh sin, gu bheil thu a' toirt cead dhuinn a dheasbad leotha. Cuideachd, tha dleastanasan òirnn fiosrachadh sònraichte a chumail dìomhair agus fiosrachadh eile a thoirt seachad, fo Achd Dìon Dàta agus Achd Saorsa an Fhiosrachaidh. Mar eisimpleir, chan fhaod sinn fiosrachadh pearsanta a thoirt dhut mu neach eile. Ach tha a' chòir agad faighneachd dhuinn mu fhiosrachadh a tha againn mud dheidhinn fhèin, agus fiosrachadh eile a bhios sinn a' clàradh a thaobh taic laghail agus ar dòighean obrach.

Uaireannan, cleachdaidh sinn am fiosrachadh gus sgrùdadh a dhèanamh air do dhearbhadh-aithne, ma dh'fhònas tu thugainn. Cuideachd, bidh sinn a' tional fiosrachadh sònraichte gus dèanamh cinnteach nach eil ar dòighean obrach a' dèanamh lethbhreith, agus gu bheil iad a' ceadachadh chothroman co-ionnan agus ruigsinneachd do gach neach.

Nam bu mhath leat tuilleadh fhaighinn a-mach mun dòigh sa bheil sinn a' cleachdadh fiosrachadh a thathar a' toirt dhuinn, feuch gun leugh thu a' bhileag againn *Ruigsinneachd air Fiosrachadh*, a tha a' mìneachadh:

- mar a gheibh thu a-mach dè am fiosrachadh a tha sinn a' cumail mud dheidhinn
- mar a làimhsicheas sinn fiosrachadh sam bith a tha sinn a' cumail mud dheidhinn
- mar a gheibh thu cothrom air clàran eile agus fiosrachadh oifigeil a tha sinn a' cumail

An Duilleag Cùil

Gus a' bhileag seo fhaighinn ann an cànan eile, ann am Brèill no clò mòr, no air teip èisteachd, cuiribh fios thugainn a' cleachdadh an fhiosrachaidh air an taobh a-staigh den duilleig aghaidh.